

Luaithe

le Pòl Younger

Nuair a dh'fhàg ar sinnsirean
an taighean dubha ìosal
cha robh roghainn eile aca
ach an cànan fhàgail cuideachd

Nuair a thàinig teine air an tughadh
chaidh facal no dhà air fleòdradh
leis an luaithe anns a' ghaoith
is sgaoil iad air feadh an t-saoghail

Nuair a ràinig sinne an sin
aig fuigheall nam Fuadaichean
cha robh càil ann ach ainm-àite
no dhà ma sgaoil air a' mhonadh

Nuair a ràinig mi mu dheireadh thall
taobh a-staigh an t-Sabhail chòir
chunnaic mi luaithe gan tionndadh
do sradagan ùra na teanga bheò.